

Eadar an Saoghal 's a' Bhiothbhuan

Tha Urras Shomhairle air tòiseachadh air pròiseact agus àrd-mhiann aca an lùib a' phròiseict sin obair, sàr-chomas agus freumhan Shomhairle a chomharrachadh mar phàirt de Bhliadhna Chultarach na Gàidhealtachd 2007.

Tha an t-Urras air barantas a thoirt do dh'ochdnar sgrìobhadairean ciùil tàlantach obair MhicGill-Eain a chleachdadh mar bhrosnachadh airson obraichean ciùil ùr a chruthachadh. 'S iad na sgrìobhadairean ciùil Màiri Anna NicUalraig, Marie-Louise Napier, Eilidh NicCoinnich, Dòmhnall Seathach, Blair Douglas, Ailean MacEanraig, Ailean Dòmhnallach agus John Spillane/Louis de Paor.

Tha an t-Urras air dà ghreis-còmhnaidh a stèidheachadh cuideachd – tè Ghàidhlig agus tè airson ceòl – aig Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd aig Àrd-sgoil a' Phluic gus obraichean ùra a chruthachadh còmhla ris na h-oileanaich. 'S iad Maoilios Caimbeul agus Seamus Ros a tha sna dreuchdan seo.

Mar thoradh air na pìosan ciùil ùra bidh sreath de chuirmean-ciùil beothail ann mar phàirt de Bhliadhna Chultarach na Gàidhealtachd 2007.

'S iad an fheadhainn a bhios a' seinn Jenna Cumming, Seamus Greumach, Kirsteen Dhòmhnallach agus Alasdair Whyte. Bidh sàr luchd-ciùil an sàs ann, a bharrachd air còisirean Gàidhlig bhon t-Srath, A' Mhealbhaich, Inbhir Nis, Inbhir Pheofharain, Inbhir Narann agus bhon Òban.

Na Cuirmean-ciùil:

Am Ploc	Diardaoin 7mh An t-Ògmhios
An Gearastan	Dihaoine 8mh An t-Ògmhios
Port Rìgh	Disathairne 9mh An t-Ògmhios
Dòrnach	Diardaoin 14mh An t-Ògmhios
Inbhir Nis	Dihaoine 15mh An t-Ògmhios
Inbhir Pheofharain	Disathairne 16mh An t-Ògmhios

Dèanaibh cinnteach gum faigh sibh gu aon de na h-oidhcheannan.

Airson tuilleadh fiosrachaidh cuiribh fios gu Coinneach MacThòmais, Stiùiriche a' Phròiseict, air kenthomson66@hotmail.com no 0141 334 7773.